

AN COMUNN Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Màrt 2014 / March 2014

Teachdaireachd bhon Àrd Oifigear

“Gu sealladh tròcair ort...”

Ag èirigh suas ann an Nis anns na 60an & na 70an bhiodh sinn nas dualtaiche “gu sealladh sealbh ort” a chluinntinn an àite “gu sealladh tròcair ort”. Tha a’ chiad abairt nas modhail na an dàrna fear, leis gu bheil fortan fada nas fheàrr na truas.

Cuideachd, ag èirigh suas bha sinn nas cleachdte bhith a’ cluinntinn “rùm” an àite “seòmar” a bha nas foirmeil. ’B ann an 1975 a thòisich sinn a’ cleachdadh am facal “seòmar” nas tric nuair a chaidh Comhairle nan Eilean Siar a stèidheachadh. Bhon uairsin, ’b ann nuair a bhiodh sinn a’ bruidhinn air àite far am biodh ceannardan mòra a-mhàin a’ cruinneachadh a bhiodh sinn a’ cleachdadh am facal “seòmar”.

Mar sin bha e gu math nàdarach dhòmhsa am facal “rùm” a a chleachdadh an àite “seòmar” air clàr-ama coinneimh bhliadhnaile againn a-chaidh a chumail bho chionn ghoirid. Tha a h-uile cànan ag atharrachadh thairis air na bliadhnanachan. Tha a’ Bheurla mar prìomh eisimpleir, le “perambulator” ag atharrachadh gu “pram” agus “petroleum” ag atharrachadh gu “petrol” agus fiùs “brassiere” gu bra! Dh’ fhaodainn iomadach eisimpleir eile a thoirt dhuibh – tha a h-uile duine a-nis a’ tuigsinn “downloads” agus “uploads” nuair nach robh na facail seo ann am bith bho chionn deich bliadhna air ais.

Le sin ’s dòcha nach bu chòrr dhuinn a bhith cho frionasach mu dheidhinn na Gàidhlig agus bu chòrr dhuinn gabhail ris gum bidh atharrachaidhean ann. Thairis air na bliadhnanachan, bhiodh daoine a’ cuir an ainm ri litir a chuireadh iad, gus am biodh e comasach freagart a chuir air ais thuca. Nam biodh seo air tachairt bhithinn air sgrìobhadh air ais chun sgrìobhadair air an robh dragh gun chleachd mi am facal “rùm” an àite “seòmar”. Tapadh leibh airson sgrìobhadh thugainn ach nam bheachd-sa, bha “rùm” freagarrach gu leòr.

Iain Moireasdan
Àrd Oifigear

Message from the Chief Executive

“Gu sealladh tròcair ort...”

Growing up in Ness in the 1960’s and 1970’s we were more accustomed to hearing the phrase “gu sealladh sealbh ort...” rather than “gu sealladh tròcair ort...”. The former is probably kinder than the latter with fortune being infinitely preferable to pity.

Indeed our Gaelic upbringing also exposed us regularly to the word “rùm” and rarely did we use the more formal version “seòmar”. Seòmar joined our regular vocabulary around 1975 when the Western Isles Council was created. Thereafter, we associated the word “seòmar” with a chamber that accommodated important civic leaders.

So, it was entirely natural for me to use the word “rùm” instead of the word “seòmar” on the agenda for our recent AGM. All living languages evolve and change through time. English idiom is a classic example with, for example, perambulator becoming pram and petroleum becoming petrol and even brassiere becoming bra! I could continue – everyone now understands downloads and uploads when the phrase barely existed a decade ago.

Perhaps we should be less precious about our Gaelic syntax and accept change as inevitable. However, a constant throughout the ages has been the need to append a signature to correspondence to allow a response. Should this oversight not have occurred I would have been able to reply directly to the writer who pitied my use of “rùm” instead of “seòmar”. Thank you for the submission but I feel that “rùm” was quite acceptable.

John Morrison
Chief Executive



Aithris Rùn

“Is e amas a’ Chomuinn Ghàidhealaich a bhith a’ brosnachadh, a’ leasachadh agus a’ comharrachadh cànan is cultar Gàidhlig na h-Alba aig ìre ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta tron Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus na Mòdan Ionadail.”

Mission Statement

“An Comunn Gàidhealach’s aim is to promote, develop and celebrate the Scottish Gaelic language and its culture locally, nationally and internationally through the Royal National Mod and Provincial Mods.”

An Comunn Gàidhealach

Fòrladh Màthaireil

Tha Rena Nic Dhòmhnail, Rùnaire a' Mhòid, air a dhol air fòrladh màthaireil bho chionn ghoirid. Tha sinn a' guidhe gun tèid gu math dhith.

Fhad's a bhios Rena air fòrladh, tha cùmhnant againn le Clì Gàidhlig airson taic le rianachd obair a' Mhòid. Tha an sgioba againn air fàilte a chur air Seonag Anderson bho chionn ghoirid agus tha sinn an dòchas gun còrd an ùine còmhla rinn rithe fhad's a bhios Rena dheth.

Rangers a' cuir taic ri Mòd an Òbain

Bhiodh fios air a bhith aig duine sam bith a bha eòlach air Robin Banks gu robh e gu math dèidheil air sgioba ball-coise Rangers. Bha Robin air iomadach seòrsa de chuimhneachain bho geamaichean ball-coise Albannach agus gu sònraichte geamaichean Rangers a chruinneachadh thairis air na leth-cheud bliadhna a-chaidh seachad.

Nam measg bha iomadach prògram bho na geamaichean, leabhraichean-làimhe, artaigean, irisean agus mar sin air adhart.

Bho chaochail Robin, thàinig a bhean Ishbel chun a' cho-dhùnadh an cruinneachadh seo a-reic gus airgead a thogail dha Comataidh Ionadail Mòd an Òbain, leis gu bheil am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh dhan a' bhaile ann an 2015. Bha Robin an sàs gu mòr ann am Mòd an Òban agus mar sin bha Ishbel airson airgead a thogail airson adhbhar a bha cho cudthromach dha Robin.

Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dha Ishbel agus Comataidh Ionadail Mòd an Òbain leis na h-oidhirpean aca gus airgead a chruinneachadh!

Measadh Gàidhlig @ Mòd Shruighlea 2014

Thèid measaidhean Gàidhlig a chumail aig Mòd Shruighlea Disathairne 17mh Cèitean 2014. Thèid an cumail anns an taigh òsta, 'Golden Lion'.

Ma tha sibh airson measadh a dhèanamh air an latha seo cuiribh fios gu Seumas Greumach aig a' Chomunn Gàidhealach, post-d: james@ancomunn.co.uk no fòn: 01463 709705.

Maternity Leave

Rena Macdonald, Mod Administrator, has recently gone off on maternity leave. We wish her all the best for this new chapter in her life.

Whilst Rena is on maternity leave, we have a contract for cover support from Clì Gàidhlig and have recently welcomed Seonag Anderson to our team. We wish Seonag all the best as she takes up the role of Mod Administrator while Rena is on leave and we hope she enjoys her time with us.

Robin's love of Rangers FC to benefit Oban Mod

Anyone who knew Robin Banks would have been aware of his love of Rangers FC. Robin had collected numerous items and souvenirs of Scottish football and in particular his beloved team Rangers, over the past 50 years or so. Among the items he gathered were various match programmes, handbooks and magazines.

Robin's widow, Ishbel, has decided to sell this collection to raise funds for the Oban Mod Local Committee for the Royal National Mod which will return to the town in 2015. Robin was heavily involved in the Mod in Oban and so Ishbel thought what better way to raise funds for something that was so close to Robin's heart.

We wish Ishbel and the Local Committee all the best in their fundraising efforts!

Gaelic Testing @ Stirling Mod 2014

Gaelic Testing will take place at the Stirling Mòd on Saturday May 17th 2014. This will take place in the Golden Lion hotel.

To book a test on this day please contact James Graham at An Comunn Gàidhealach, e-mail: james@ancomunn.co.uk or tel: 01463 709705



An Comunn Gàidhealach

Earrannan Ainmichte 2014

Cuimhnichibh gu bheil earrannan ainmichte Òigridh agus Inbhich a-nis rin ceannachd air an làrach-lìn againn:

<http://www.ancomunn.co.uk/store>

Tha na leabhraichean ciùil agus bàrdachd fhathast rin ceannachd cuideachd.

Ma tha sibh airson fear òrdachadh, cuiribh fòn no post-d thugainn:

01463 709 705 / 01851 703 487

info@ancomunn.co.uk

Bithibh mothachail gu bheil atharrachaidhean air a bhith air an dèanamh ri feadhainn de na h-earrainnean ainmichte bho chaidh na leabhraichean a' chlà-bhualadh agus bu chòir dèanamh cinnteach nach eil iad a' buintinn ri na farpaisean agaibh.

Gheibhear na h-atharrachaidhean air an ath dhuilleag agus ma bhios atharrachaidhean sam bith eile ann, thèid an cuir air an làrach-lìn agus ann an iris eile den chuairt-litir seo.

Measadh Gàidhlig

Thèid làithean a chur air dòigh anns na mìosan a tha romhainn airson Measaidhean Gàidhlig. Dh' fhaodadh gum bidh na làithean seo air an cumail aig feadhainn de na Mòdan Ionadail.

Bidh cothrom ann Measaidhean a dhèanamh thairis air seachdain a' Mhòid san Dàmhair, ach feumar àite a ghlèidheadh ro làimh.

Thèid fios mu dheidhinn seo a sgaoileadh nas fhaisg air an àm.

Cuimhnichibh gu bheil eisimpleirean air an làrach-lìn againn le ceistean a bheir beachd air structairean agus air an ìre a bhios sinn a' lorg.

Ma bhios ceistean sam bith agaibh ron uairsin ge ta, cuiribh fios thugainn.

Ma tha sibh airson àite a chur air dòigh airson Measadh no ma tha sibh a' lorg fiosrachadh sam bith eile, cuiribh fios gu

Seumas Greumach:

james@ancomunn.co.uk

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh air Measaidhean Gàidhlig aig:

<http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/gaelic-assessment>

Prescribed Pieces 2014

Remember that you can now purchase and download individual Junior and Senior prescribed pieces via our website:

<http://www.ancomunn.co.uk/store>

You can still purchase the Music and Poem books as well. Just give us a call or email us:

01463 709 705 / 01851 703 487

info@ancomunn.co.uk

Please be aware that some amendments have been carried out on various prescribed pieces since books were printed so you should consult the changes to ensure that these will not affect your competition.

Please see next page. Any other amendments will be published on our website and in any future issues of this newsletter.

Gaelic Testing

Gaelic Testing dates will be organised over the next few months. These may be held at some of the Provincial Mods.

Gaelic Testing will also be available during Mod week. You will have to book a slot beforehand.

Details of slots will be made available nearer the time.

Remember there are sample questions on our website which will indicate the key structures competitors should be able to use and the standard that we will be looking for.

In the meantime, feel free to get in touch with any questions.

If you would like to book a Test or if you would like to find out more information, you can contact James Graham at james@ancomunn.co.uk

Further information on Gaelic Testing can be found at: <http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/gaelic-assessment>

AN COMUNN Gàidhealach

Changes to Prescribed Pieces

Tha Earrannan Ainmichte airson Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2014 a-nis rim faighinn. Ma bhios atharrachaidhean sam bith ann, cuiridh Comataidh a' Chiùil fiosrachadh sam bith air an làrach-lìn. Bithibh mothachail air na atharrachaidhean a leanas. Ma bhios ceistean sam bith agaibh, cuiribh fios gu Seumas Greumach aig james@ancomunn.co.uk
Cuiribh fòn thuige air 01463 709 705.

*The prescribed pieces for the Royal National Mod in Inverness in 2014 are now available to buy. The Music Committee have issued changes to the following competition pieces. The changes are explained below and should be adhered to for these pieces.
If you have any queries regarding these changes, please don't hesitate to contact James Graham at james@ancomunn.co.uk
Telephone 01463 709 705.*

A221 Mo chailin donn òg

Verse 5, line 3 should read;

“Nach cosg anns a' bhliadhn' blaigh trian a' ghallain”

C78 Tha bairn' aig na caoraich uile & Bodachan a' ghàrraidh

Please note that the two pieces for C78 that appear in the 'Còisirean òigridh, luchd-ionnsachaidh' booklet for Mòd 2014 have been amended and redrafted. These are being reissued to choirs competing in this competition.

To get the correct, amended copies please contact An Comunn Gàidhealach at info@ancomunn.co.uk.

A234 'O gur mis' tha sona dheth':

Verse one is to be sung again at the end of the song.

C44A Hè gràdh, hò gràdh

Chorus to be sung after verse 3 and verse 4 only

C44A Hè gràdh, ho gràdh

Bar 11-the A note on the word 'ghràdh' should be a B note, making two consecutive B notes

Còisirean / Choirs

Please note that the rule for Junior choral **and** senior choral competitions stating, "Prescribed pieces may be sung, if necessary, a semi-tone higher or lower than the set key" is no longer applicable and all choirs may sing prescribed pieces in their own chosen key.



An Comunn Gàidhealach

Atharrachaidhean Farpaisean Mòd 2014 Changes to Mòd 2014 Competitions

Oigridh / Juniors

5-8 Years Fluent

C20 Conversation
(Now includes C20A)

Conversation on any subject chosen by the competitor.
Maximum conversation time is 4 minutes.

C21 Storytelling
(Now includes C21A)

Telling a story of own choice. Maximum time is 4 minutes.

13-18 Years Open

C89 Storytelling
(Now includes C91 & C141)

Tell a story of own choice. Maximum time is 5 minutes.

16-18 Year Open

C144 Duet
(Now includes C152)

One song, own choice.

Change to 13-18 Choral Competitions

There is a change in the format of junior choirs competitions aged 13-18 this year. The fluent and learners' competitions will now be merged into one set of open competitions for the two age groups. Therefore, choirs should learn the songs prescribed for C110, C111 & C112. Competitions C113, C114 & C115 are now obsolete.

Clàrsach

B332 Recital Class (Grade 6 and above)* Open to any players of gut and/or wire harp. A well-Balanced 10 minute programme of own choice music of Gaelic origin, to include spoken introductions, in Gaelic or English, by the competitor, who may include his/her own arrangement(s) in the programme

Inbhich / Adults

B326 Intermediate / Advanced
(Now includes Intermediate)

Solo playing of two pieces of music of Gaelic origin. One own choice (not exceeding 3 minutes) and one prescribed piece.

Còisirean / Choirs

Please note that the rule for Junior choral **and** senior choral competitions stating, "Prescribed pieces may be sung, if necessary, a semi-tone higher or lower than the set key" is no longer applicable and all choirs may sing prescribed pieces in their own chosen key.

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh na h-atharrachaidhean seo cuiribh fios thugainn.

01463 709 705

info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

MÒDAN IONADAIL 2014 PROVINCIAL MODS 2014

Dùn Èideann / Edinburgh

26 Giblean
26 April

www.edinburghlocalmod.co.uk

Sruighlea / Stirling

16 & 17 Cèitean
16 & 17 May

karenfernie@gmail.com

Cille Bhrìde an Ear / East Kilbride

30 – 31 Cèitean
30 – 31 May

catmacdonald292@btinternet.com

Uibhist / Uist

30 & 31 Cèitean
30 & 31 May

moduibhist@gmail.com

Leòdhas / Lewis

3 - 6 Ògmhios
3 - 6 June

peigi@ancomunn.co.uk

Loch Abair / Lochaber

5 & 6 Ògmhios
5 & 6 June

linda@bosslochaber.co.uk

An t- Eilean Sgitheanach Isle of Skye

5 - 7 Òg Mhios
5 - 7 June

maireadnicolson@btinternet.com

Cataibh & Gallaibh Sutherland & Caithness

7 Òg-mhios
7 June

cameron@tiscali.co.uk

Ìle / Islay

7 Òg-mhios
7 June

alisongrayislay@aol.co.uk

Na Hearadh / Harris

12 & 13 Ògmhios
12 & 13 June

cjmackay1a@gnes.net

Glaschu / Glasgow

13 & 14 Ògmhios
13 & 14 June

angelajenkins34@hotmail.com

Peairt agus Aonghas Perthshire & Angus

13 & 14 Òg-mhios
13 & 14 June

pad.gaelicmod@gmail.com

Àird nam Murchan Ardnamurchan

20 Ògmhios
20 June

davidandval.barker@btinternet.com

Inbhir Nis / Inverness

20 & 21 Ògmhios
20 & 21 June

sineanna@aol.com

An t-Òban / Oban

20 & 21 Ògmhios
20 & 21 June

dochiemacd@gmail.com

Taobh Siar Rois / Wester Ross

3 Sultain
3 September

duncan-ross@sky.com

Mòd Ionadach na Dreolluinn Mull

12 & 13 Sultain
12 & 13 September

ruthanderson07@hotmail.com

Barraigh / Barra

26 & 27 Sultain
26 & 27 September

jdouglasmacneil@aol.com

Dailriada / Dalriada

27 Sultain
27 September

christinejohnston66@sky.com

Tha duilleag shònraichte aig gach Mòd Ionadail air an làrach-lìn againn.
Each Provincial Mod has a dedicated page on our website.
Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na Mòdan agus na Comataidhean an sin.
Details of each Mod and their Committees etc are available there.

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Comataidh Ionadail 2014



Tha an Comataidh Ionadail ag obair gu trang cuide ri oifigich A' Chomuinn Ghàidhealaich, Fèisean nan Gàidheal agus proifeiseantaich ionadail eile gus clàr Iomaill measgaichte, brosnachail agus tarraingeach a thaisbeanadh ann an Inbhir Nis agus san sgìre mun cuairt aig àm Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Thèid an duilleag seo ùrachadh mar a bhios tachartasan air an dearbhadh agus a bharrachd air seo, faodaidh sibh cuideachd tadhal oirnn air Facebook.

Aig an ìre seo, tha na tachartasan gu h-ìosal air dòigh agus bidh fàilte romhaibh!

Lorg sinn aig:

www.modinbhirnis2014.com

[Facebook/modinbhirnis2014](https://www.facebook.com/modinbhirnis2014)

Local Mod Committee 2014



The Local Organising Committee is working hard with An Comunn Gàidhealach officers, Fèisean nan Gàidheal and local promoters to compile an attractive, stimulating, and diverse programme of fringe events in and around Inverness for this year's Royal National Mod.

This page will be updated as details of events are finalised, so keep checking this site and you may also join us on Facebook.

At this stage the following events are planned and you will be most welcome!

<i>25 April 2014</i>	<i>Cèilidh /Dance</i>	<i>Iochdar Hall South Uist</i>
<i>2 May 201</i>	<i>Ladies' Pamper Night</i>	<i>Raigmore Recreational Hall, Inverness</i>
<i>31 May 2014</i>	<i>Gaelic Karaoke Night</i>	<i>Fairways, Inverness</i>
<i>20 & 21 June 2014</i>	<i>Inverness Provincial Mod</i>	<i>Eden Court, Inverness</i>
<i>21 June 2014</i>	<i>Provincial Mod Ceilidh</i>	<i>The British Legion, Inverness</i>

Find us at:

www.modinbhirnis2014.com

[Facebook/modinbhirnis2014](https://www.facebook.com/modinbhirnis2014)

An Comunn Gàidhealach

Taic Saor-thoileach



Ma tha ùidh agaibh taic a chur ri obair Comataidh Deasachaidh Ionadail MNR 2014, neo obrachadh gu saor-thoileach aig a' Mhòd, leig fios is bidh sinn toilichte cluinntinn bhuat!

Bidh mòran iarrtais air taic saor-thoileach suas gu àm a' Mhòid, agus aig a' Mhòd fhèin. Ma tha ùidh agaibh bh' ur cuideachadh, cuiribh fios thugainn.

Volunteer Support



If you would like to get involved with our committee or to volunteer at this year's Royal National Mod, please get in touch, we would love to hear from you!

There are lots of opportunities for volunteers in the run up to and at this year's Mod so please get in touch if you are willing to help.

Àite Fuirich @ Mòd 2014



Bheil feum agaibh air cuideachadh a' lorg àite-fuirich aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo?

Cuir fios gu Crìosaidh Chuimeanach, Neach Gairm Comataidh nan Àitean-fuirich againn, aig chrisiebheag@hotmail.co.uk airson fiosrachadh is stiùireadh.

Accommodation @ Mod 2014



Need some help finding somewhere to stay at this year's Royal National Mod?

Contact our Accommodation Committee Convener, Chrissie Cumming at chrisiebheag@hotmail.co.uk for information on accommodation providers in the area.

Club 400 Inbhir Nis



Seo an fheadhainn a fhuair duaisean na mìos seo:

£250 Mairead NicIllinnein, Steòrnabhagh
£100 E M Dhòmhnallach, Inbhir Nis
£50 Seumas MacMhathain, am Blàr Dubh

Am bu mhath leat cothrom air £250 a bhuinnig? Nach cuir thu taic ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 agus Mòd Ionadail Inbhir Nis le beagan is £1 san t-seachdain a chur ann am ballrachd Crannchur 400?

Airson pàirt a ghabhail, cuiribh fios gu: donald@macleod668.orangehome.co.uk



Inverness 400 Club



The winners in our March draw were:

£250 Margaret MacLennan, Stornoway
£100 E M MacDonald, Inverness
£50 James Matheson, Muir of Ord

Would you like the opportunity to win up to £250? Why not support the 2014 Royal National Mod and Inverness Local Mod by putting just over £1 a week towards membership subscription in a 400 Club?

To join contact: donald@macleod668.orangehome.co.uk



AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL – INBHIR NIS

10 – 17 Dàmhair 2014

STIÙBHARDAN A' MHÒID



Cuir a-steach am fiosrachadh pearsanta agad gu h-ìseal

Ainm:

Latha breith: (Feumaidh tagraichean a bhith 16 no nas sine)

Seòladh agus còd-puist:

Post-d:

Fòn-dachaigh:

Fòn-làimhe:

A bheil Gàidhlig labhairteach agad?

Tha Chan eil

Cuir striochag mu choinneamh nan seiseanan uile sa bheil thu deònach
cuideachadh le stiùbhardachd airson a' Mhòid

CEANN-LATHA Dàmhair 2014	MADAINN 9m – 1f	FEASGAR 1f – 6f	OIDHCHE 6f – 11f
Dihaoine 10	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Disathairne 11	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Didòmhnaich 12	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Diluain 13	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Dimàirt 14	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Diciadain 15	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Diardaoin 16	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Dihaoine 17	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

Till am foirm seo

le post-d gu:

Mod2014volunteers@hotmail.co.uk

no tron phost gu:

**Mòd 2014 Volunteers
Bruce Duncan
16 Miller Gardens
Inbhir Nis IV2 3DT**

Tha Comataidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a' toirt taing dhut ro-làimh airson am foirm-iarrtais seo a lionadh agus tha sinn taingeil airson taic is ùine sam bith as urrainn dhut a thoirt dhuinn airson an tachartais chudromaich is chliùitich seo.

Dion dàta

Thèid am fiosrachadh a tha thu air a thoirt seachad a chleachdadh airson an adhbhair dhan tug thu seachad e agus modhan iomchaidh sam bith ri linn sin. Thèid an dàta seo a ghleidheadh a rèir na h-Achd Dion Dàta agus cha tèid a chur air adhart no a reic ri buidheann sam bith eile gun aonta bhual ro-làimh mura h-eil sin na riatanas a rèir an lagha.

ROYAL NATIONAL MOD - INVERNESS

10 - 17 October 2014

MOD STEWARDS



Please enter your personal details below:

Name:
.....
Date of birth (*applicants must be 16yrs or older*):
.....
Address and postcode:
.....
.....
.....

Email:
.....
Home phone:
.....
Mobile phone:
.....
Are you a Gaelic speaker?
Yes No

Please place a tick against all the sessions you are willing to help with Mod stewarding:

DATE	MORNING 9am - 1pm	AFTERNOON 1pm - 6pm	EVENING 6pm - 11pm
October 2014			
Friday 10 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Saturday 11 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Sunday 12 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Monday 13 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Tuesday 14 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Wednesday 15 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Thursday 16 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>
Friday 17 <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/>

How to return this form:
by email to:
Mod2014volunteers@hotmail.co.uk

or by post to:
**Mod 2014 Volunteers
Bruce Duncan
16 Miller Gardens,
Inverness IV2 3DT**

The Royal National MOD committee thank you in advance for completing this volunteer application form, and we appreciate the support and time that you can give for this important and prestigious event.

Data protection

The information you have supplied will be used for the purpose for which you have provided it and any relevant procedures following from this. This data will be maintained in accordance with the Data Protection Act and will not be passed on or sold to any other organisation without your prior approval unless this is a legal requirement.

An **COMUNN** Gàidhealach

QUIZ NIGHT

in aid of

'Rionnagan Rois'

The Ross-shire Youth Gaelic Choir



Friday 25 April 2014

Doors open 6.30pm for a 7.00pm start

Multi Purpose Hall, Dingwall Academy

£5 per person

Maximum of six people per team/table

Bring Your Own Refreshments

An Comunn Gàidhealach



Seribheis Cuimhneachaidh Chùil Lodair

Comunn Gàidhlig Inbhir Nis

Thèid an t-Seirbheis Bhliadhnail a chumail air Disathairne 19 Giblean aig a' Chàrn, Cùil Lodair.

Tòisichidh an t-seirbheis aig 11m Bidh Sailmean Ghàidhlig ri chluinntinn aig seirbheis na bliadhna seo.

Nach tig sibh ann airson taic a thoirt.

THÈID FÀILTE OIRBH UILE



Culloden Anniversary Service

Comunn Gàidhlig Inbhir Nis

The Annual Service will be on Saturday 19th April at the Cairn, Culloden.

The service will begin at 11am Gaelic Psalm singing is being introduced to this year's service.

Please come along to support the precentor.

ALL WELCOME

Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014 Gaelic Drama Summer School 2014

PORT RÌGH | PORTREE · 07.07.14 - 18.07.14

aois 14 gu 18 agus Gàidhlig agad?
aged 14 to 18 and speak Gaelic?

ùidh agad ann an dràma?
interested in drama?

airson do chuid sgilean a leasachadh?
want to develop your skills?

Bho 2008 tha feisean air ceud cleasaiche air a bhith an càr dràs an t-òrna sgoil dràma do dhaoine òga le Gàidhlig ... siuthad - cuir e-staigh air a' son an-diugh!

Since 2008, close to 100 actors have been involved in the only drama school for young people with Gaelic. On you go ... apply today!

tadhail air | visit
www.feisean.org/ssd



An Comunn Gàidhealach



COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

Màrtainn Mac an t-Saoir aig Fèis Aye Write 2014

Tha Comhairle nan Leabhraichean, ann an co-bhonn le Comhairle Bhreatainn, a' toirt sgrìobhadairean eadar-nàiseanta còmhla airson **Ar Sgeul Fhèin: Nar Briathran Fhèin**, tachartas sònraichte aig Fèis Litreachais *Aye Write 2014* ann an Leabharlann a' Mhitchell ann an Glaschu aig 4.00f air Dihaoine 11 Giblean.

Bidh Màrtainn Mac an t-Saoir air panal còmhla ri Joanne Hillhouse agus Ivory Kelly is iad a' còmhradh ri Gemma Robinson mun sgrìobhadh aca. Thuirt Rosemary Ward, Ceannard, Chomhairle nan Leabhraichean:

“S ann às a Charibbean a tha Joanne agus Ivory agus bidh iad fhèin agus Màrtainn a' beachdachadh air cànan, litreachas agus na h-uallaichean a tha orra mar sgrìobhadairean mion-chànain.

Tha Comhairle nan Leabhraichean toilichte a bhith ag obair ann an co-bhonn le Comhairle Bhreatainn agus Sgrìobhadairean a' Cho-fhlaitheis airson an tachartas seo a libhrigeadh aig Fèis Aye Write. Mholainn an tachartas seo do dhuine sam bith aig a bheil ùidh ann an leughadh agus sgrìobhadh mion-chànain. Bidh aogheachd ann as dèidh an tachartas airson cothrom a thoirt dha na sgrìobhadairean coinneachadh ris an luchd leughaidh.”

Tha **Ar Sgeul Fhèin: Nar Briathran Fhèin** a' gabhail àite aig 4.00f air Dihaoine 11 Giblean ann an Leabharlann a' Mhitchell ann an Glaschu. Tha tiocaidean a' cosg £4.00.



ALBA | CHRUTHACHAIL



Martin MacIntyre at Aye Write 2014

The Gaelic Books Council, in collaboration with the British Council, will host **The Untold Story: By Our Own Tongues**, a Commonwealth Writers Conversation at the Aye Write Literary Festival at 4.00pm in the Mitchell Library on Friday 11 April 2014.

Gaelic author, bàrd and storyteller, Martin MacIntyre will join Joanne Hillhouse and Ivory Kelly as they converse with Gemma Robinson about their craft. Rosemary Ward, Director of the Gaelic Books Council said:

“Joanne and Ivory are travelling from the Caribbean to participate in this event with Martin. They will be discussing language, literary inheritance and considering whether writing from 'lesser heard' communities is translatable in the current market conditions. The Gaelic Books Council is delighted to be collaborating with the British Council and Commonwealth Writers to deliver this event. I would recommend this event to anyone with an interest in writing and in particular, minority language writing. An informal reception will be hosted by the British Council after the event to allow the writers to meet their audience.”

The Untold Story: By Our Own Tongues takes place at 4.00pm on Friday 11 April, in the Mitchell Library in Glasgow. Tickets cost £4.00.



AR SGEUL FHÈIN: NAR BRIATHRAN FHÈIN 11 GIBLEAN 2014, 4-5.30F LEABHARLANN A' MHITCHELL, GLASCHU

Tha Comhairle Bhreatainn ann an co-bhonn le Comhairle nan Leabhraichean a' toirt sgrìobhadairean eadar-nàiseanta còmhla airson còmhradh mu cànan, litreachas agus na h-uallaichean a th' orra mar sgrìobhadairean mion-chànain.

Bidh Màrtainn Mac an t-Saoir bho Alba, Joanne Hillhouse agus Ivory Kelly, bhon Caribbean, ann an còmhradh le Gemma Robinson mun sgrìobhadh aca.
Tha Comhairle Bhreatainn - Ionaid Sgrìobhadairean a' Cho-fhlaitheis a' curmail taic ri CARIBBE agus theid comradh a thoirt air a' chad leabhar bho Peekash Press.

Tha tiocaidean airson an tachartas seo a' cosg £4.00 agus bidh aogheachd ann as dèidh làmh.



Joanne Hillhouse

Ivory Kelly

Màrtainn Mac an t-Saoir





An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Pàiseanta Rìoghail | The Royal National Mòd

2014 INBHIR NIS 10 – 18 DÀMHAIR | INVERNESS 10 – 18 OCTOBER

2015 AN T-ÒBAN 9 – 17 DÀMHAIR | OBAN 9 – 17 OCTOBER

2016 NA H-EILEANAN
AN IAR 14 – 22 DÀMHAIR | WESTERN ISLES 14 – 22 OCTOBER

Pa Mòdan Ionadail | Provincial Mòds

LEÒDHAS LEWIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

SRUIGHLEA STIRLING

CILLE BHRÌDHE AN EAR EAST KILBRIDE

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

ÌLE ISLAY

UIBHIST UIST

LOCH ABÀIR LOCHABER

PEAIRT IS AONGHAS PERTH & ANGUS

NA HEARADH HARRIS

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

GLASCHU GLASGOW

INBHIR NIS INVERNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

AN T-ÒBAN OBAN

NA DREÒLLUINN MULL

DAIL RIATA DALRIADA

TAOBH SIAR ROIS WESTER ROSS

BARRAIGH IS BHATARSAIGH BARRA

TAOBH AN IAR-DHEAS ROIS SW ROSS

For Provincial Mòd dates and more go online:

www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282

Y Gyngres Geltaidd

The Celtic Congress - A' Chòmhdail Cheilteach



Cynhadledd a Gwyl Geltaidd

Caerdydd 11-16 Awst 2014

Celtic Conference and Festival - Cardiff 11-16 August 2014
Co-labhairt agus Fèis Cheilteach – Caerdydd 11-16 Lùnasdal 2014

Alba - Breizh - Cymru - Éire - Kernow - Mannin

Thema'r Gynhadledd - *Conference theme* – *Cuspair a' Cho-labhairt:*

'Treftadaeth Ddiwydiannol y Gwledydd Celtaidd'

'The Industrial Heritage of the Celtic Countries'
'Dualchas Tionnsgalach nan Dùthchanan Ceilteach'

Cyngherddau Celtaidd

Celtic Concerts – Cuirmean Ceilteach

Adloniant anffurfiol

Informal entertainment – Cèilidhean neo-fhoirmeil

Darlithoedd

Lectures - Oraidean

Gwibdeithiau

Excursions - Turasan

Gweithdai Celtaidd

Celtic workshops – Bùthan-obrach Cheilteach

Gwledd ganoloesol

Mediaeval banquet – Cuirm mhòr na Meadhan Aoisean

Gweithgareddau i blant

Children's activities – Cur-seachadan airson cloinne

Manylion pellach - *Further details* – **Tuilleadh fiosrachaidh:**

Niclas ap Glyn, 90 Plassey St, PENARTH CF64 1EN, *Cymru - Wales* – *A' Chuimrigh*
niclas.apglyn@btinternet.com *neu* - *or* - *neo* cymru-celtia@hotmail.co.uk

Y Gyngres Geltaidd - The Celtic Congress - A' Chòmhdail Cheilteach



Cynhadledd a Gwyl Geltaidd Caerdydd 11 -16 Awst 2014

Celtic Conference and Festival
Co-labhairt agus Fèis Cheilteach

Cardiff 11-16 August 2014
Caerdydd 11-16 Lùnasdal 2014



Thema'r Gynhadledd - Conference theme - Cuspair a' Cho-labhairt

'Treftadaeth Ddiwydiannol y Gwledydd Celtaidd'

'The Industrial Heritage of the Celtic Countries'

'Dualchas Tionnsgalach nan Dùthchannan Ceilteach'

£ 350 am yr wythnos, en suite, pob pryd a gwibdeithiau

(plant / myfyrwyr £300)

£ 350 for the week, en suite, full board, includes excursions

(children / students £300)

£ 350 airson an t-seachdainn, rum le taigh-beag, gach lòn, turasan (clann / oileanaich £300)

Gweithgareddau i blant - Children's activities - Cur-seachadan airson cloinne
(Codir tâl ychwanegol - Additional fees - cosgaisean a' bharrachd)

Rhaglen arfaethedig - Proposed programme - prògram tairsgte

Llun 11 - Monday - Di-luain

yp - PM Ymgartrefu - Settling in - a' cur eolas air an àite

yh - eve Croeso Cymreig - A Welsh welcome - Fàilte Chuimreach

Bwffe - Buffet - biadh neo-fhormeil - Adloniant - Entertainment - cuirm

Mawrth 12 - Tuesday - Di-màirt

yb - AM Gwersi Cymraeg - Welsh classes - Clasaichean Cuimreis

Darlith - Lecture - Oraidean 1 & 2

yp - PM Gwibdaith - Excursion - Turas 1

yh - eve Noson Lawen anffurfiol - Informal entertainments - Cèilidh neo-fhoirmeil

Mercher 13 - Wednesday - Di-ciadain

yb - AM Gwersi Cymraeg - Welsh classes - Clasaichean Cuimreis

Darlith - Lecture - Oraidean 3 & 4

yp - PM Cyfarfod busnes / gweithdai Celtaidd - Business meeting / Celtic workshops
Coinneamh Gnothachas / Bùthan-obrach Cheilteach

yh - eve Gwledd ganoloesol Castell Caerdydd - Mediaeval banquet Cardiff Castle
Cuirm mhòr na Meadhan Aoisean, Caisteal Chaerdydd

Iau 14 - Thursday - Di-ardaoin

yb - AM Gwersi Cymraeg - Welsh classes - Clasaichean Cuimreis

Darlith - Lecture - Oraidean 5 & 6

yp - PM Gwibdaith - Excursion - Turas 2

yh - eve Cyngerdd Celtaidd - Celtic Concert - Cuirm-chiùil Cheilteach

Gwener 15 Friday - Di-h-aoine

yb - AM Gwersi Cymraeg - Welsh classes - Clasaichean Cuimreis

Cyfarfod Cyffredinol Blynyddol - AGM - Coinneamh Bhliadhnail

yp - PM Amser rhydd / gweithdai Celtaidd - Free time / Celtic workshops

Am saor / Bùthtain-obrach Cheilteach

yh - eve Noson Lawen / reifw - Informal entertainments / Cèilidh neo-fhoirmeil

Sadwrn 16 Saturday - Di-sathairn

yb AM Brechwast a ffarwelio - Breakfast & goodbyes - Bracaist agus soraidh-slàn

Manylion pellach - Further details - Tuilleadh fiosrachaidh:

Niclas ap Glyn, 90 Plassey St, PENARTH CF64 1EN, Cymru - Wales - A' Chuimrigh
niclas.apglyn@btinternet.com neu - or - neo cymru-celtia@hotmail.co.uk

Ffôn - Tel. - Fòn: 029 2035 0088



Comunn Gàidhlig Ottawa

Tha e math faicinn na tha ar caraidean ann an Canada a' dèanamh a thaobh na Gàidhlig. Tha Comunn Gàidhlig Ottawa gu math trang le measgachadh de thachartasan agus tha iad an dràsta ag ullachadh airson Mòd Chanada, a thèid a chumail eadar 30mh Cèitean agus 1mh Ògmhios. Tha an còisir aca, 'Ar n-Òran' cuideachd air an cumail trang le iomadach rud. Faodar cumail sùil air na tha iad uile a' dèanamh le bhith a' leanntainn na làraich-lìn aca agus na duilleagan Facebook airson gach buidhean. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhaibh le Mòd na bliadhna seo agus tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn mar a thèid dhaibh.

It's good to see all the activities and events that our friends over in Canada are involved in. Comunn Gàidhlig Ottawa are very busy with preparations for this year's Mòd Chanada, which will take place between the 30th of May and the 1st of June. Their choir, Ar n-Òran, are also kept busy. You can keep up to date with all they are involved in by visiting their websites and Facebook pages.

We wish them the best of luck with this year's Mod and look forward to hearing all about it.

- CGO FB: <https://www.facebook.com/events/149003815234768/?fref=ts#!/commungaidhligottawa?fref=ts>
- Mòd Chanada FB: <https://www.facebook.com/#!/events/149003815234768/?fref=ts>
- Ar n-Òran FB: <https://www.facebook.com/events/149003815234768/?fref=ts#!/groups/247010893478/?fref=ts>
- Monthly Cèilidh FB: <https://www.facebook.com/events/149003815234768/?fref=ts#!/comunnghaidhligottawamonthlyceilidh?fref=ts>
- Comunn Gàidhlig Ottawa: <http://gaidhligottawa.ca>

Tachartasan / Events

Cèilidh gach mìos / *Monthly Ceilidhs* – an 3mh Dihaoine anns a' mhìos ach an Giblean nuair a thèid a chumail air an 11mh nuair a bhios Naomi bho Strùilleag còmhla rinn, agus an Iuchar / Lùnastal.

3rd Friday of each month except April which will fall on April 11th when we host Naomi from Strùilleag and July/August.

Càite / Where: 28 Granville Ave (off Byron), Ottawa.

11mh Giblean – Seisean Strùilleag aig cèilidh na mìos seo
April 11th – Strùilleag sharing session at our monthly ceilidh

13mh Giblean – Bidh 'Ar n-Òran' a' seinn aig Cnoc na Pàrlamaid ann an Ottawa, aig meadhan latha, far an seinn iad òran sònraichte le còmhlan phìoba 'Sons of Scotland'.

April 13th – 'Ar n-Òran' will sing on Parliament Hill in Ottawa at noon and perform a special song in Gaelic with The Sons of Scotland Pipe Band.

30mh Cèitean – 1mh Ògmhios – Thèid Mòd Chanada a chumail ann an Oilthigh Ottawa, Togalach Lamoureux. Is e Beathag Mhoireasdan am briteamh Gàidhlig a bhios againn agus Bruce Caimbeul am briteamh airson farpaisean pioba.

May 30th – June 1st – Mod Chanada will take place at University of Ottawa, Lamoureux Building. Beathag Mhoireasdan will be our Gaelic adjudicator and Bruce Campbell will be our piping adjudicator.

Tha sinn a' comharrachadh na ceangalaichean làidir a tha eadar ar dualchas agus cultar le pìobaireachd am bliadhna le bhith a' cumail farpaisean Pìobaireachd airson a' chiad uair aig a' Mhòd againn.

This year will mark the launch of Piobaireachd competitions at our Mod, with its strong links to our heritage/culture.

Tha mòran dhùisean agus luchd-taic againn a-rithist am bliadhna agus tha sinn an dòchas daoine bho thall 's a' bhos a thàladh airson a thighinn airson pàirt a ghabhail, a dh'èisteachd, seinn agus mar sin air adhart.

We have a strong suite of sponsors and great prizes to be won this year and are hoping, as always to attract those from away to join us, compete, listen, ceilidh etc

Tha dùil aig Randaidh Waugh bho Comunn Gàidhlig Ottawa a thighinn gu Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ann an Inbhir Nis agus tha e a' coimhead air adhart ri seann charaidean fhaicinn agus coinneachadh ri feadhainn ùr. Gu mì-fhortannach chan eil e comasach dha 'Ar n-Òran' a thighinn am bliadhna ach tha iad an dòchas a bhith ann an ath-bhliadhna.

Randy Waugh will be attending the Royal National Mod this year in Inverness, and hopes to connect with old and new friends. 'Ar n-Òran' is not able to attend this year as we are in a re-building mode but next year certainly looks like a possibility though.

**“Tha Comunn Gàidhlig Ottawa ann gus cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh.
Comunn Gàidhlig Ottawa exists to promote Gaelic language, music and culture”**

An Comunn Gàidhealach

Mòd Chanada 2014 Ar Cànan 's Ar Ceòl

Mòd Chanada 2014 is one of 3 Mòd's held around the globe. A Mòd is a gathering and competition of Scottish Gàidhlig language, singing and instrumental competitions and demonstrations. Attendance and competitions are open to the general public.

When	What	Where
Friday, May 30 th 6:30-pm – 9pm	<ul style="list-style-type: none"> Drama, Spoken Oral Competitions 	University of Ottawa, Lamoureux Building Room# LMX 106
Saturday, May 31 st 9am – 5pm	<ul style="list-style-type: none"> Official Opening Ceremony with Mayor Watson, written address from Prime Minister Stephen Harper, and introduction of our esteemed adjudicators Special Performances, Keynotes and Demonstrations Solo, Group and Choral Singing Competitions Instrumental Competitions (Practice Chanter, Small Pipes, Piobaireachd, Whistle, Fiddle and Harp) OCPC School End-of-year piping student concert Seminars (Piobaireachd) Silent Auction and other items for sale Lunch available for a nominal fee 	Main Events: University of Ottawa, Arts Building Room# ART 033 Instrumental Competitions: University of Ottawa, Lamoureux Building Room# LMX 106 OCPC Piping School Concert: University of Ottawa, Lamoureux Building Room# LMX 339 Store / Lunch / Silent Auction: University of Ottawa, Lamoureux Building Room# LMX 121
Saturday, May 31 st 7pm – 11pm	<ul style="list-style-type: none"> Mòd Ceilidh includes supper, song and fellowship (\$25 / per person) 	28 Granville Avenue (Off Byron)
Sunday, June 1 st	<ul style="list-style-type: none"> Piobaireachd workshop with Pipe Major Bruce Campbell of Duntroon Publishing, Scotland (\$25 per half day or \$50 for the full day) 	University of Ottawa, Lamoureux Building Room# LMX 122
Sunday, June 1 st 9am – Noon	<ul style="list-style-type: none"> Gàidhlig language workshop with Beathag Mhoireasdan, Ilse of Lewis, Scotland (\$25) 	28 Granville Avenue (Off Byron)

Admission:

Adult: \$10 ; Children 5 – 12: \$5 ; Family: \$25

Military/Police Veterans and Senior Citizens: Goodwill offering

Children (under 5): free

Paid up or those taking out an annual CGO membership: Free

Competitors are admitted free if they are competing in two or more competitions (most of which are \$5/each competition).

1 parent per child competitor is admitted free of charge.

There are great prizes to be won!

For information, visit our website at: <http://gaidhligottawa.ca/> or email: comunngaidhligottawa@rogers.com



AN COMUNN Gàidhealach

Pannal Luchd-coimhid BBC Alba

Tha òigridh aois 16-34 a dhìth airson pannal luchd-coimhid BBC ALBA. Gach seachdain bidh na buill a' faighinn ceangal air post-d do leabhar-latha a tha gu math furasta agus a bheir mu chòig mionaidean a lìonadh air-loidhne. 'S fhiach a dhèanamh oir thathar a' faighinn bileagan meanbh-reic luach £20 airson gach fichead leabhar-latha a tha air an lìonadh. Dh'fhaodar cuideachd iPod Nano a' bhuanachadh a bharrachd air a bhith faighinn "vouchers" airson a bhith cosg dìreach 5 mionaidean air-loidhne gach seachdain. Carson nach clàraich thu an-dràsta fhèin?

Bidh thu a' faighinn post-dealain gach seachdain anns am bi ceangal gu leabhar-latha air-loidhne agus aig deireadh gach seachdain bidh sinn gu mòr nad chomain nam measadh tu gach prògram a chunnaic thu. Cha ghabh e ach mu chòig mhionaidean gach seachdain an leabhar-latha a lìonadh agus ged nach coimheadaidh tu air càil, tha e cudromach dhuinn sin fhaighinn a-mach.

Bidh buill a' phanail a' faighinn phuingean-dìlseachd airson gach leabhar-latha a thilleas iad thugainn, agus bithear a' tionndadh nam puingeann gu bileagan-creideis. Gheibheadh cuideigin a tha air a h-uile leabhar-latha a lìonadh air loidhne £50 gach bliadhna.

Ma tha ùidh agad an seo agus ma tha thu ag iarraidh pàirt a ghabhail, feumaidh tu foirm-clàraidh a lìonadh

<http://www.snapsurveys.com/swh/surveylogin.asp?k=130200091229> agus a chur air ais thugainn.

A' coimhead air adhart ri bhith cluinntinn bhuat!

BBC Alba Viewers Panel

Lèirsinn Research Centre are recruiting new members to join the BBC ALBA viewers' panel. If you are in the 16-34 age group, have at least a little Gaelic and resident in Scotland you can be on the panel. You could also win an iPod Nano in our prize draw by submitting just twenty online diaries. Why don't you register right now and help by giving us your views?

As a panel member you will receive a weekly e-mail with a link to an online viewing diary or a paper diary can be sent to you together with a pre-paid return envelope. You will be invited to answer some questions on your viewing of Gaelic television over the week and rate all the programmes you have seen. Completing the diary will only take a few minutes each week and even if you watch nothing it is still important for us to know.

In return for sending back their diaries, panel members are awarded loyalty points, which will then periodically be converted to retail vouchers. By spending five minutes weekly completing each online diary you will be rewarded with £50 vouchers in a year.

If you would like to participate please complete the registration form on <http://www.snapsurveys.com/swh/surveylogin.asp?k=130200091229> and return it to us.

We look forward to hearing from you!

An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

